

ORAN

DO

Chomunn Gaelach Pheairt,

LE

RAIBEART STIUBHART.

AIR FONN.—“*O, mo Mhari laoghach,*” &c.

DEOCH slàinnte Chomuinn,
D'fhàs gu somult grinn,
Ann am baile Pheairt,
Air tigh'nn na 's fhaigse dhuinn ;
Comunn glan na Gàelig,
Cha 'n àicheaidh sinn e choidhch,
Gheibh sinn mar is àill leinn,
S' ni iad bràth'rchas rinn.

O, mo chànain laoghach,
'S tu mo chànain ghrinn,
I, mo chànain laoghach,
'S tu mo chànain ghrinn,
E, mo chànain laoghach,
'S tu mo chànain ghrinn ;
Cànain ghlan na Gàelig,
Togail 'n àird a cinn.

Tha Corneal Stiùbhart Ghart ann,
'S chleachd e bhi air thùs,
Baran Bun-na'n-Sgaod ann,
'S dh'aobhaichinn ri ghuùis ;
Tha Seomarlan an àite ann,
'S e gu làidir air an cùl,
Agus Alàstair, mo bhràthair,
'S cha b'e bu tàire dhiù.

O, mo chànain laoghach.

Tha Niall Stiùbhart ann,
Gu caoineil, loineil agus ciùin,
Calam agus Pàtric,
Sliochd a bhaine an triùir ;
Tha an t-urram aig MacPharlain,
'S e is f'hearr tha dhiù ;
Cumaidh e bho 'n dara bàs iad,
Le bhi ghnà ga 'n dùsg.

3 O, mo chànanain laoghach.

Tha baird, tha ceaird, 's clèir ann,
Agus b' f'heumail iad bhi ann,
Piob ga 'n cuir ri chèile,
'S Sgèulaich' to'irt dhi cainnt ;
Cha 'n aithris mi gu lèir iad,
Bho nach lèur dhomh iad 's an am,
Ach cluinnidh sibh an deigh so
Mheud 's a theid na 'n ceann.

4 O, mo chànanain laoghach.

Cha 'n aithris mi ach pàirt dhiu,
Bho 'n tha 'n àireamh trom,
Tional as gach àite,
Gach aon là le conn ;
Leis na breacain chairneit,
Tha Ghàelig air a bonn,

'S ga do heap i failinne,
Tha i 'n aird a foinn.

5 O, mo chànanain laoghach.

Ga d' chaidh 'n f'hèile thasguidh,
Tacan ann am fròig,
Bho nach robh an Cadath
Taitneach le Deòrs' ;
Chi e nise sealladh
Nach robh aige òg,
An f'heile ann 's an f'hasan,
Ann 's gach baile mòr.

O, mo chànanain laoghach.

Gheibh sinn mar a chleachd sinn,
Fèile bhreacain ùr,
Osain ghearr 's gartain,
A thaitneas ri 'r sùil ;
'S cuiridh sinn na sheangais
Aon uair ann 'n cùil,
'S tuille cha bhi brigis theaun oirn
Shiubhal bheann na stùchd.

O, mo chànanain laoghach.

6

Fèile bhreacain uaine,
Suacheantas na 'n Gàel,
Claidheamh 's crios-guala,
'S dealg na 'n guaille ard ;
Ite na 'n subh cannach
Oscionn na mala cearr,
'S targaid air an uileann
Ghabhail roimh bhuillean chàich.

O, mo chànanain laoghach.

7

An seann Fhreichdan dubh Gàelach,
Bha ann an geard na duth'ch,
Ach chuireadh iad do Fhlànrasg,
Dh' arduich sud an cliù ;
'S a mheùd 's a thanig slàn diu
An drast a' Waterloo,
'N uair thain' iad do Dhuneaduinn,
Sheinn iad na cluig chiùil.

O, mo chànanain laoghach.

8

Chuala mi deagh chliù orra,
As an dùthaich thall,
Latha blàr na h-Eiphait,
Gheill iad dhoibh le call ;
'S ann 's gach blàr 'n d'theid iad,
Gheibh sinn sgèul nall,
Gur iad luchd na fèiltean
Fir a' 's treine bh' ann.

O, mo chànanain laoghach.

an eileadh

